


FOIRCEADUL  
AITH-GHEARR  
CHEASNUIGHE



GLASGOW 1776

ABS.1.205.031

11149/MDJL





LIBRARY  
B O

2005 269

Foirceadul Aith-ghearr

C H E A S N U I G H E,

Air tus air na orducha le  
OI'-THONNAL nan DIAGHAIRIBH ag  
NIAR-MHANAISTER, ann an

S A S G A N;

Leish an d'aontuighe  
ARD-SHEANNADH EAGLAISH na  
H A L B A N N,

um a bhith na chuid eigin d'aon-mhodh Crabhuidh  
eidir Eaglaishibh CHRIOST ann sna tri RIOGHACH-  
DAIBH.

Air na churr an Gailic le Seannedh  
E A R R A - G H A I D H E A L

us-anoidh cuidd do mhearrachdaibh a Chlobhualaidh air  
nan Leaffacha chum maith Coitcheann GAIDHEAL-  
FACHD ALBA. Clo bhuailt' sna Galic n' darra Uair.

---

ENTERED in STATIONER'S HALL.

---

odh-bhuailt' agus r'an Reic le ANNA ORR,  
Leabhair-reiceadoir. Ann.

G L A S - G H O. M D C C L X X V I .

An A B C Rhomanach.

A a b c d e f g h i j k l m n o  
p q r f s t u v w x y z &.

A B C D E F G H I J K L M N O P Q R S T U  
V W X Y Z &.

A a b c d e f g h i j k l m n o p q r f s t u v w x y z &.  
E t s b s k s h s t s i s f s f s l s f f s h s h .

An A B C Eiddeilteach.

A B C D E F G H I J K L M N O P Q R S T U V W X Y Z &.

A a b c d e f g h i j k l m n o p q r f s t u v w x y z &.  
E t s b s k s h s t s i s f s f s l s f f s h s h .

Na Bhuelibh. Na Consonantaibh.  
a e i o u y. b c d f g h j k l m n p q r f s t v w x z.

Na Puinc. , ; : . ? ! - ( ) § \* + † || ¶

Ab	eb	ib	ob	ub	Al	el	il	cl	ul
ac	ec	ic	oc	uc	an	en	in	on	un
ad	ed	id	od	ud	ar	er	ir	cr	ur
af	ef	if	of	uf	as	es	is	os	us
ag	eg	ig	og	ug	at	et	it	ot	ut.

\*\*\*

*Leabhar aith-gheárr nan Ceist.*

1. C. **C**REUD is crioch araid do'n Duine?

F. Is i is crioch araid do'n Duine Dia do Ghloracha, agus do Mhealtuin gu suthain.

2. C. Creud i an Riaghail a thug Dia Dhuinne d'ar teagassg chum' sgu feadamaid eisin do ghloracha, agus do mhealtuin?

F. Is e focall Dhe (ata air na churr sios ann a Scrioptuiribh an tsein-tiomnuidh, agus an Tiomna-nuadh) amhain is Riaghail Dhuinne d'ar teagassg chum' sgu feadamaid eisin do ghloracha, agus do mhealtuin.

3. C. Creud ata na Scrioptuiribh gu h arraid ag teagassg?

F. Ata na Scrioptuiribh gu h arraid ag teagassg, gach ni is coir do'n Duine chreidsin timchioll Dhe, agus an dleasdanas at Dia ag iarruidh air an Duine.

4. C. Creud e Dia?

F. Dia is Spiorad e, ata neimh-chrioch-nuigheach, Bith-bhuan, neim-hchaochla-dach, ann na Bhith, a Ghliocas, a Chum-hachd, a Naomhachd, a Cheartas, a Mhaith-eas, agus Fhirinn.

5. C. An bheill tuille Dee ann ach a h aon?

F. Ni bheill ach a h aon amhain, an Dia  
beo fior.

6. C. *C'a lion Pearsa ata san Diadhachd?*

F. Ata tri Pearsa san Diadhachd, an t  
**Athair**, an Mac; agus an Spioradh-naomh:  
**Agus** an triarsa is aon Dia iad ionnan ann a  
natur, coimh-meas ann a Cumhachd, agus  
ann a Gloir.

7. C. *Creud iad orduighe De?*

F. Is iad, orduighe De a run-siorruidhe;  
doreir Comhairle a thoille, leish an d'orduighe  
se ro-laimh chum a ghloire fein, gach ni  
thig gu crich.

8. C. *Cionnas ata Dia ag curr orduighe an gniomb?*

F. Ata Dia ag curr orduighe an gniomb  
ann oibribh an Chruthaigh, agus an Fhreas-  
dail.

9. C. *Creud is Obair an Chruthaigh ann?*

F. Is i Obair an Chruthaigh, Dia do  
dheanadh nan uile nithe do neimh-ni, le  
Focall a Cumhachd, ann feadh se laethe,  
agus iad uille ro-mhaith.

10. C. *Cionnas do Chruthaigh Dia an Duine?*

F. Do Chruthaigh Dia an Duine, Fear,  
agus Bean, do reir Iomhaigh fein, ann e-  
olas, Firinteachd, Naomhach, le uachdra-  
nachd os-cionn nan Creatuiribh.

11. C. Creud iad Oibrídhe-freasdail De?

F. Is iad Oibrídhe Freasdail De, gu bheill se ag coimhíid, agus ag Riaghlaadh nan uille Chreatuiribh, le nan uille Ghniomharaibh, gu ro-naomha, ro-ghlic, agus gu ro-Chumhachdach.

12. C. Creud e an gniombh araid Freasdail do rinn Dia do thaoibh an Duine san staidd ann do Chruthuicheadh e?

F. An t am do Chruthaigh Dia an Duine, do rinn se Coi'-cheangal beatha ríss, ag iar-ruidh umhlachd ionlan air mar Chumhnant; agus ag toirmisg Dho ni air bith ithe do Chraoibh Eolaish maith agus uilc, faoi Phein a Bhaish.

13. C. An d'fhan air cead-sinsir ann san chead staidd ann do Chruthuicheadh iad?

F. Air bhith d'ar cead-sinsiribh air am fagail gu saoirse an toille fein, do thuiteadar o'n staidd ann do Chruthuicheadh iad le peacadh ann aghaidh Dhe.

14. C. Creud e Peacadh?

F. Is e peacadh brisheadh Lagh Dhe.

15. C. Gia è an Peacadh leish an do thuit air Cead-sinsir o'n staidd ann do Chruthuicheadh iad?

F. Do b'e an Peacadh leish an do thuit air Cead-sinsir o'n staidd ann do Chruthuicheadh iad?

eadh iad, gu d'ith siad an meass-toirmisgt'.

16. C. *An do thuit an Cinneadh daonna uille ann a Cead pheacadh Adhamh?*

F. O do bhith an Coi' cheangal air na dheanadh re Adhamh, ni amhain air a shon fein, ach ar-son a shliochd: Uime shin, an Cinneadh-daonna uille do thainic anuas uaidh; tre geinnilleacha gnathaicht', do pheacuidh iad ann-san, agus do thuit siad maille riss ann san chead-seachran.

17. C. *Creud i an staidd ann d'tug an leagadh ud an Cinneadh daonna?*

F. Do thug an leagadh ud an Cinneadh-daonna, gu staidd peacaidh, agus truaighe.

18. C. *Creud e peacadh na staidd sin ann do thuit an Duine :*

F. Trid an leagaidh ud, ata an Duine faoi chionta chead-pheacaidh Adhamh, faoi easbhuidh na cead-fhirinteachd, faoi thruailleachd a natuir gu h iomlan (d'on goir-réar gu Coitchean Peacadh-gein agus faoi gach uille Pheacadh-gníomh ata ag geintin uaidhe shin.

19. C. *Creud e truaighe na staidd sin ann do thuit an Duine?*

F. Trid an leagaidh ud, do chaill an Cinneadh-daonna uille an co'-chommunn re Dia, ataid faoi Fheirg agus Mhallacha Dhe

agus mar shin, ataid faoi gach uillethruaighe san bheatuidhs', fo'n Bhas fein, agus faoi Phiantaibh Ifrionn gu siorruidhe.

20. C. *An d'fhag Dia an Cinneadh-daonna uille do bhi cailte ann staidd peacaidh agus truaighe?*

F. Air tagha do Dhia da ghean maith fein, roimh thoiseach an t shaoghail, cuidd eigin dona Daoine chum na beatha-futhain, do rinn se Coi'-cheangal-grasa reu, d'an Saoradh O staidd an Pheacaidh, agus na Truaighe, agus d'an tabhairt gu staidd Slanuighe trid Fearsaoruidh.

21. C. *Cia e is Fear saoruidh do Phobull taghta De?*

F. Is e is aon Fhear-saoruidh do Phobull taghta De, an Tighearna Iosa Criost amhain, neach air bhith dho na Mhac Siorruidhe do Dhia, do rinneadh e na Dhuine agus mar-sin ata fe ag fantain na Dhia, agus na Dhuine, ann da Natur eidir-dheal-luicht agus ann aonphearsuin am feast.

22. C. *Air bhith do Chriost na Mhac do Dbia, cionnas do rinneadh e na Dhuine?*

F. Do rinneadh Criost Mac Dhe na Dhuine, le Corp-fior, agus anam-riasonta do ghabhail chuige fein, air bhith dho le Cumhachd an Spiorad-naoimh air na ghab-

hail am Broinn Mhuire na h Oighe, agus air a bhreith le, gidheagh a feugmhais peacaidh.

**23. C.** *Cia iad na h Oifigeadha ata Criost ag curr an gniomh mar air Fear-Saoruide ne.*

**F.** Ata Criost mar air Fear-Saoruideh-ne ag curr an gniomh Oifigeadha Faidh, Sagairt, agus Riogh, araon ann staidd an Irishliche, agus an Arduiche.

**24. C.** *Cionnas ata Criost ag curr Oifig Faidh an gniomb?*

**F.** Ata Criost ag curr Oifig Faidh an gniomh, ann toill De chum air Slanuighe fhoilseachá dhuiinn, le na Fhocall, agus le na Spiorad.

**25. C.** *Cionnas ata Criost ag curr Oifig Sagairt an gniomb?*

**F.** Ata Criost ag curr Oifig Sagairt an gniomh, ann e-fein do thabhairt suas aon-uair na iobairt do dhioladh Ceartaish De; agus do dheanadh air reitigh re Dhia; agus ann gnath-eidir-ghuidhe do dheanadh air ar-soinne.

**26. C.** *Cionnas ata Criost ag curr Oifig Riogh an gniomb?*

**F.** Ata Criost ag curr Oifig Riogh an gniomh, le sinne do cheansacha dho fein,

do riaghladh, agus do sheaffamh, agus le cosg do churr air na h uillidh is naimhde dho-fan agus Dhuinne.

- 27. C. *Gia iad na nithe ann an roibh Criost air na Irishleachá?*

F. Do bhi Chriost air na Irishleachá ann a bhith air a bhreith, agus shin ann a staidd isheal, air na dheanadh fo'n Lagh, ag doll fo gach truaighe na beathasa, fo fheirg Dhe, agus fo Bhas malluicht' na Croiche, ann a bhith air na adhlacadh, agus ag fuirreachd fo Chumhachd an bhaish re seall.

- 28. C. *Gia iad na nithe ann a roibh Criost air na Ardacha?*

F. Do bhi Chriost air na Ardacha ann a aish-eirigh O na Marbhuibh air an treas la, ann a dholl suas air Neamh, ann a shuidhe air Deas-laimh Dhe an Athair, agus ann a theachd do thabhairt breitheamhnais air an t shaoghal ann san la-dheirreanach.

- 29. C. *Gionnas atamaid air 'nar deanadh ann 'nar luchd Co' pairt d'on tsaoirse do choissin Criost?*

F. Atamaid air 'nar deanadh ann 'nar luchd Co'-pairt d'on tsaoirse do choissin Criost, leish an t saoirse shin a churr rinne gu h eifeachdach le na Spiorad naomha-fan.

30. C. *Gionnas ata an Spiorad ag curr rinne na saoirse shin do choissin Criost?*

F. Ata an Spiorad ag curr rinne na saoirse shin do choissin Chriost, le Creiddeamh oibreacha ionnain leish an bheill se 'gar Coi cheangal re Criost ann air Gairm eifeachdach.

31. C. *Creud is Gairm eifeachdach ann?*

F. Is Gairm eifeachdach ann, obair Spioraid De, leish an bheill se 'gar fagail ríss ionnain fein am peacadh, agus truaighe, ag Soilseacha air 'nintinneadh ann eolas Chriost, ag ath-nuadhacha air toille, agus air a lorg shin 'gar deanadh deonach agus commasach air Iosa Criost a dhlu-ghaileach chugain, mar ata se air na thairgfe dhuinn' gu saor ann san t soisgeul.

32. C. *Cia iad na Sochair ata an druing ata air nan Gairm gu h Eifeachdach ag faghail san bheatuidhs?*

E. Is siad na sochair ata an druing shin ag faghail san bheatuidhs', Firinneacha, Uchdmhacachd, agus Naomhacha; agus gach uille Shochair ata ag fruthagh uatha san bheatuidhs'.

33. C. *Creud is Firinneacha ann?*

F. Is e Firinneacha gniomh saor ghrasa

De, leish a bheill se ag maiteamh dhuinn air 'nuille pheacaidh, agus ag gabhail rinne mar Fhirinnibh ann na fhianaish fein, agus shin amhain ar-son Firinteachd Chriost air na mheass dhuinne, agus air a ghabhail chugian le Creidreamh amhain.

34. C. Creud is Uchd-mbacachd ann?

F. Is i an Uchd-mbacachd, gniomh faorghrafa De, leish an bheill Sinn air ar ghabhail ann aireamh Chloinne De, agus leish an bheill coir againn air gach uille Shochairibh, agus urram a bhuinneas doibh,

35. C. Creud is Naombacha ann?

F. An Naombacha is obair faor-ghrafa De e, leish an bheili sinne air ar 'n ath-nu-adhacha san Duine gu h iomlan do reir Fioghrach Dhe, agus air ar deanadh comhasach ni is mo, agus ni is mo, chum basacha do pheacadh, agus chum bhith beo do'n Fhirinteachd.

36. C. Creud iad na Sochair ata ann san bheat-huidhs' ann a Co' chuiddeachd, no ag fruthagh o'n Fhirinneacha, o'n Uchd-mbacachd, agus o'n Noambacha?

F. Is iad na Sochair ata san bheat-huidhs' ann a Co'-chuiddeachd no ag Sruthagh ua-

tha shin, dearbh-beachd air Gradh Dhe,  
 Siothchaint Coguish aoibhneas san Spiorad-naomh, fas ann a Grasa, agus buan-mhair-reachduin ann, gu teachd na criche deirreannaich.

37. C. Creud iad na Sochair ata na Creidmhigh ag faghail O Chriost, re h' am an baish?

F. Ata Anamanna nan Creidmheach re h' am an baish, air an deanadh foirfe ann a Naomhachd, agus air ball ataid ag doll chum-Gloire, agus air bhith do'n Corpaibh Sior-cheangailt' re Criost ni'd comhnuidh ann nan Uaighibh gu nuig an-ash-eirigh.

38. C. Creud iad na Sochair ata na Creidmhigh ag faghail O Chriost ann san aish-eirigh?

F. Ann san aish-eirigh, air bhith do na Creidmhigh air an dusgadh as an Uaighibh ann an Gloir, bithigh siad air an aithneacha gu follash, agus air an lan shaoradh ann la bhreitheamhais, agus air an deanaith uille-bheannuicht' ann an Dia lan-mhealtuin gu Siorruidhe,

39. C. Creude an Dleasdanas ata Dia ag iarruidh air an Duine?

F. Is e an Dleasdanas ata Dia ag iarruidh air an Duine, umhlachd da thoill ata air na soilseacha.

40. C. *Greud i an Riaghail umhlachd a thug Dia do'n Duine air thoifeach?*

F. Do bi an Riaghail umhlachd a thug Dia do'n Duine air thoifeach, Lagh na Modhannaibh.

41. C. *Gia e an t aite ann a bheill an Lagh' na Modhannaibh air na churr sios gu haith ghearr ionlan?*

F. Ata an Lagh' na Modhannaibh air na churr sias gu haith-ghearr ionlan, ann 'sna deich Aitheantaibh.

42. C. *Greud is suim do na deich Aitheantaibh?*

F. Is i is Sum do na deich Aitheantaibh, an Tighearna air Dia do ghradhacha le air 'n uille Chroidhe, le air 'n uille Anam, le air 'n uille Neart, agus le air 'n uille Intinn, agus air Coimhearsan do ghradhacha mar sinn-fein.

43. C. *Greud is Reamh radh do na deich Aitheantaibh?*

F. Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh, air na churr sios ann sna briathraibhs' (is mishe an Tighearna do Dhia, neach a thug thuffa afs Tallamh na Heiphte, agus afs Tighe na daoirse.)

44. C. *Greud ata Reamh radh nan deich Aitheantaibh ag teagascg Dhuinne?*

F. Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh ag teagafsg Dhuinne, do bhri gur e Dia is Tighearna ann, agus gur e is Dia, agus is Fear-saoruidh Dhuinne, uime shin gu bheill a dh'fhiache oirne uille Aitheantaibh-san do Coimhid.

45. C. *Cia i an chead Aithne?*

F. Is i an chead Aithne (na biadh Dee eille agat ann am fhianaishe.)

46. C. *Cread ata air na iarruidh san chead Aithne?*

F. Ata an chead Aithne ag iarruidhe, oirne, aithneacha, agus aidmheil, gur e Dia amhain an fior-Dhia, agus gur e air Diaine e, agus sinne adhradh, agus Gloir do thabhairt Dho da reir-shin.

47. C. *Creud ata air na thoirmisg san chead Aithne?*

F. Ata an chead Aithne ag toirmisg, an Dia fior do sheanadh, no an t Adhradh, agus an Ghloir a dhlighear Dho-san do leiginn thatruinn, no an tabhairt d'aon neach eille.

48. C. *Creud ata air na teagafsg Dhuinne gu senraicht' ann sna briathraibhs' san chead Aithne (am fhianaishe.)*

F. Ata na briathrafa san chead Aithne

'am fhianaishe) ag teagasc Dhuinne, gu  
scheill Dia do chi na h uille nithe, ag tab-  
hairt airre do'n pheacadhsa, iodhon, Dia  
uir bith eille do bhith againn, agus ag  
scheill se ro dhiombach dheth.

*49. C. Creud i an darra Haithne?*

*F.* Is i an dara Haithne, (Na dean dhuit fein  
lomhaigh ghrabhalta, no aon-fhioghair nithe ata  
huas air Neamh, no air Tallamh a bhfoss, no  
fan uisce fo Thallamh, na geillse dhoibh, agus  
na dean seirbhis dhoibh, oir mishe an Tighearna  
do Dhia, is Dia eud mhor mi leannas aingid  
beachd nan Athraibh air an Cloinn, gu nuige an  
treas no an ceathramh ceim no glun-geiniligh,  
air an droing shuaitheachas-mi, agus ag foilse-  
cha trocair do mhiltibh do'n droing a ghradhui-  
cheas mi, agus a choimhdeas m' Aitheantaibh.)

*50. C. Creud iarrar san dara Haithne?*

*F.* Ata an dara Haithne ag iarruidh,  
gach uille ghna Adhruidh, agus orduighe  
Dhiadhaigh, do iarr Dia ann na Fhocall,  
do ghabhail chugain, do conbhail, agus do  
choimhid gu glan ionlan.

*51. C. Creud ata an dara Haithne ag toirmisg?*

*F.* Ata an dara Haithne ag toirmisg,  
ádbradh do Dhia tríd lomhaigh, no air  
mbodh air bith eille, nach bheill orduicht' ann a Fhocall fein.

52. C. Greudiad na Riafain ata ceangailte riss an dara Haithne?

F. Is iad na Riafain ata ceangailte riss an dara Haithne, ard-uachdranachd Dhe os air cionn, an t shealbh-choir ata aig ionnuin, an Gradh-laste, agus eud ata aige da Adhradh fein.

53. C. Cia i an-treas Aithne?

F. Is i an treas Aithne, (Na tabhair Ainm an Tighearna do Dhia an diamhanas: oir ge b'e bheirreas ainm an diamhanas, ni bu neimh-chionteach ann a fianaish an Tighearna e, no ni a measa an Tighearna neimh-chionteach e.)

54. C. Creud iarrar san treas Aithne?

F. Ata an treas Aithne ag iarruidh, gnaitheacha naomha urramach do dheanadh, air Ainmibh, Tiadolaibh, Orduighe, Briathraibh, agus Oibrichibh Dhe.

55. C. Creud ata air na thoirmisg san treas Aithne?

F. Ata an treas Aithne ag toirmisg mi'-naomhacha, no mi'-ghnathacha air bith do dheanadh air aon-ni leish an bheill Dia ga fhoilseacha fein.

56. C. Cia e an Riafain ata air na cheangal riss an treas Aithne?

F. Is e an Riafain ata air na cheangal riss an treas Aithne, ge gu feadfuidh luchd brish-

eadh na Haithnes' doll saor O dhioghaltas do thaoibh Dhaoine, gidheadh ni fhuilling an Tighearna air Diaine dhoibh doll aiss O a cheart-bhreitheamhna fein.

57. C. *Cia i an ceathramh Aithne?*

F. Is i an ceathramh Aithne, (Cuimhnigh la na Saboid choimhidh naomha; ann se laithibh dean h obhair, agus h uille shaothair, ach is e an seachda la, Saboid an Tighearna do Dhia; na dean aon obhair san la shin, thu fein, no do Mhac, no h Inghin, h Oglach, no do Bhan-og-lach, no h ainmhidhe no do Choigreach ata an taobh a stigh do d'choirsibh: oir ann se laithibh do rinn an Tighearna Neamh agus Tallamh, an Fhaurge, agus gach ni ata ionta, agus do ghabh se comhnuidh an seachda la; uime shin do bheannuigh an Tighearna la na Saboide, agus do naomhuigh se e.)

58. C. *Creud iarrar san cheathramh aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag iarruidh, coimhidh naomha do dheanadh do Dhia air na trathaibh suidhicht' do dhorduigh se ann na Fhocail, gu sonraichte aon la iom lan do na, scachd laithibh, chum a bhith na Shaboid naomh dho fein.

59. C. *Cia e an la do na seachd laithibh a dhorduigh Dia bhith na Shaboid gach Seachduin?*

F. O thoiseach an t shaoghal a nuas gu nuig aish-eirigh Chroist dhorduigh Dia

an seachda la do bhi na Shaboid gach seachduin; agus a riabh O shin a leath, an cead la do'n t sheachduin a dh'f hantain, agus do ghnathacha gu deirreadh an Domhain chum a bhi na Shaboid do na Croistuibh.

60. C. *Cionnas is coir ant Saboid do naomhacha?*

F. Is coir an t-saboid do naomhacha, le tamh naomha do ghabhail re fadd an la shin gu h iomlan, agus shin fos O ghnotheuichibh saoghalta, O aigher agus sugradh ata ceadduichte air laithibh eille, agus an uille aimsir shin do bhuiinneache re oibribh-Crabhuidh gu diamhair, agus gu sollaish, leath a muigh do'n mhead is ata iomchuidh re na chaitheamh re h oibriba na h eigin, agus na trocaire.

61. C. *Greud ata air an thoirmi/g san cheathramh aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag toirmisg mi'-naomhacha na Saboide le diamhanas, agus neimh-churam ann oibribh an la shin, no fos le smuaintaibh, briathraibh, no gniomharaibh neimh-fheimeil timchioll ghnothuicheadh Saoghalta, no re aigher agus Sugradh.

62. C. *Cia iad na Riasoin ata ceangailte riss an cheathramh aithne?*

F. Is iad na Riasoin ata ceangailte ríss an heathramh Aithne, Dia do bhith ag cead-acha Dhuinne, se laithe do'n t sheachuin d'ar gnothuichibh fein, agus ag agradh oir airighe dho fein air an t Sheachda la; gus an Eisempleir do thug se fein uaidhe, gus gu do bheannuigh se la na Saboide.

63. C. *Cia i an Cuigeadh aithne?*

F. Is i an Cuigeadh aithne, (Tabhair onoir do athair, agus do d' Mhathair : chum gu sinsichte o laithe air an Fhearran do bheir an Tighearna a Dhia dhuit.)

64. C. *Creud iarrar san chuigeadh aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag iarruidh, in onoir do choimhid, agus an dleasdanais lo Choi'-lionadh, ata dh'fhiacha do thabhairt do gach aon-neach a lorg an Inmhe, gus an daimhe da cheile fa-leath, mar ataid inn airde, no 'n iúile, no ann a Coi'-meass nmhe.

65. C. *Creud ata air na thoirmisg chuigeadh aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag toirmisg, ní air bith do dheanadh ata an aghaidh na onoir, agus an dleasdanais, a bhuiinneas do gach aon-neach a lorg an Inmhe, agus in daimhe fa leath da cheile.

66. C. Creud e an Riason ata ceangailte riss  
an chuigeadh aithne?

F. Is e an Riason ata ceangailte riss air  
chuigeadh Aithne, gealladh air sonnas, agus  
Saoghal fadda do uille luchd coimhid na  
Haithnese, da reir mar thig shin le Gloom,  
Dhe, agus a maith fein.

67. C. Cia i an Seisadh aithne?

F. Isian Seisédah aithne, (Na dean marbhadh.)

68. C. Creud iarrar son t seiseadh aithne?

F. Ata an seiseadh Aithne ag iarruidh  
gach uille dhicheall dlihgheach do dhean-  
adh chum air 'n anam fein, agus Anama-  
dhaoine eille do choimhid.

69. C. Creud ata air na thoirmisg san t seiseadh  
aithne?

F. Ata an Seiseadh Aithne ag toirmisg,  
air 'n Anam do bhuinn assain fein, no afa-  
eir Coimhearsain gu h-e-coireach: agus  
gach uille nithe a chuiddeachas shin do  
dheanadh.

70. C. Cia i an Seachdamh aithne?

F. Is i an Seachdamh aithne, (Na dean adhal-  
trannas.)

71. C. Creud iarrar san t seachdamh aithne?

F. Ata an Seachdamh Aithne ag iarruidh,  
coimhid do bhi againn air ar Geanm-  
nuigheachd fein, agus Geanmnuigheachd

ir Coimhearsfain, ann air Croidhe, ann air  
Caint, agus ann air Beufsaibh.

72. C. Creud ata an Seachdamh aithne ag toir-  
nisg?

F. Ata an Seachdamh Aithne ag toir-  
nisg, gach uille Smuainteacha, Briathar,  
agus Gniomh neimh-gheaninnuighe.

73. C. Cia i an t Ochdamh aithne?

F. Is i an t Ochdamh Aithne, (Na dean  
goid.)

74. C. Creud iarrar san Ochdamh aithne?

F. Ata an tochdamh Aithne ag iarruidh,  
gach cuiddeacha laghail do dheanadh, chum  
air Saibreas Soaghalta fein, agus Saibreas  
Dhaoine eille, no churr air aghaidh.

75. C. Creud ata air na thoirmisg san Och-  
damh aithne?

F. Ata an t Ochdamh Aithne ag toir-  
nisg, gach ni air bith a bhac as air Saibreas  
Soaghalta fein, no Saibreas air Co-  
imhearsfain gu he-coireach.

76. C. Cia i an naoiamh aithne?

F. Is i an naoiamh aithne, (Na dean fia-  
naish bhreige ann aghaidh do Choimhears-  
fain.)

77. C. Creud iarrar san naoiarnb aithne?

F. Ata an naoiamh aithne ag iarruidh,

an fhirinn eidir Duine is Duine; agus air deagh-ainm fein, agus air deagh-ainm air Coimhearsain do sheassamh, agus shin gu sonraicht' ann fanaisibh do dheanadh.

78. C. *Greud atá air na thoirmisg san náoi-amh aithne?*

F. Atá an náoiamh Aithne ag toirmisg, gach ni ata ag curr leath-trom air an fhirinn, no ni e coir air ar deagh-ainm fein, no deagh-ainm air Coimhearsain.

79. C. *Cia i an Deicheamh Aithne?*

F. Is i an Deicheamh Aithne, (Na smuain dhuit-fein Aroish, no teach do Choimhearsain na smuain dhuitfein Bean do Choinhearsain, no Oglach, no Bhean-og-lach, no Dhaimh, no Assail, no aon-ni eille bhuinneas do d' Choimhearsnach.

80. C. *Greud iarrar san Deicheamh Aithne?*

F. Atá an Deicheamh Aithne ag iarruidh oirn, bhith ian toillichte le air staidd fein, maille re fonn ceart agus intinn-sheirceil do bhi ionnuin dar Coimhearsain, agus do gach uille ni bhuinneas duo.

81. C. *Greud atá air na thoirmisg san Deicheamh Aithne?*

F. Atá an Deicheamh Aithne ag toirmisg, gach tallach air ar staidd fein, gach

doillicheas, agus farmad re maith air Coimhearsain, gach togra, agus miann ain-cneast, chum aon-ni d'ain bi aige.

82. C. *An bheill neach air bith commasach air Aitheantibh Dhe do choimhid gu fairfe?*

F. Ni fheadar le aon-neach nach bheill ach na Dhuine amhain, O chead thuittiu air sinsir, Aitheanta Dhe do choimhid gu fairfe san bheathuidhs', ach ata siad gach la ga'm brisheadh ann smuaintibh, ann Focall, agus ann gniomh.

83. C. *An bheill gach uille bhrisheadh an lagh coi'-meas ann uambarachd?*

F. Ata cuidd do pheacaidh ionta fein, agus do bhri moran do nithe ata ga'n antromacha, ni is uamhaire na cheile ann fianais Dhe.

84. C. *Greud ata gach aon-pheacadh ag toiltin?*

F. Ata gach aon-pheacadh ag toiltin Feirg, agus Mallacha Dhe, araon fan bheathuidhs', agus fan bheathuidh ata chum teachd.

85. C. *Greud ata Dia ag iarruidh oirne chum 'sgu feadamaid tearnadh O na Fheirg, agus O na Mhallacha san a thoill sinne thaobh air peacaidh?*

F. Chum tearnad O Fheirg, agus O Mhallacha Dhe a thoill sinne ar-fon air pea-

caidh, ata Dia ag iarruidh oirne Creid-deamh ann Iosa Criost, Aithrighe chum na beatha, maille re gnathacha dicheallach do dheanadh air na Meadhonaibh ata ann leath a muigh, leish an bheill Criost ag co' pairteacha rinne sochair na saoirse.

86. C. *Creud is Creiddeamh an Iosa Criost ann?*

F. Creiddeamh an Iosa Criost, is Gras-sainteal e leish an bheill sinne ga ghabhail-san, agus 'gar socracha fein air-fan na aonar chum slainte, mar ata se air na thairgse Dhuinne fan t soisgeul.

87. C. *Creud is Aithrighe chum na beatha ann?*

F. Aithrighe chum na beatha, is Gras-sainteal i, leish an bheill an Peacach (air mo-thacha dho gu cheart da pheacadh fein; agus do throcair Dhe ann an Criost) le doillicheas, agus le fuath a pheacaидh, ag iompodh uatha gu Dia, le lan run, agus gna-thairgse nuadh-umhlachd a thabhairt dho.

88. C. *Creud iad na Meadhoin o'n leath a muigh, leish an bheill Criost ag co'-pairteacha rinne sochair na saoirse?*

F. Is iad na Meadhoin shin, orduighe Chriost gu haraid an Focall, Sacramaintibh, agus Urnuighe: Ata gu h ullidh air an

deànadadh eifeachdach chum Slainte do na Daoine taght.

89. C. *Cionnas ata an Focall air na dheanadh eifeachdach chum Slante?*

F. Ata Spiorad Dhe ag deanadh leabhoireachd an Fhocaill, ach gu haraid a Shearmonacha na Mheadhon eifeachdach chum Peacacha fhagail riis, agus da'n iompodh, agus da'n togbhail suas ann an Naomhachd, agus an co'-fhurtachd trid Creidigh chum Slainte.

90. C. *Cionnas is coir an Focall do leabhangh, agus do eisfeachd, chum 'sgu biodh se eifeachdach chum Slante?*

F. Chum 'sgu deanta an Focall eifeachdach chum Slainte, is feimeil Duinne airre do thabhairt dho le ullamhacha, le Urnuighe, agus le dicheall; a ghabhail chugain le Creidreamh, agus Gradh, a churr an taisge ann air Criodheacha agus a churr an gniomh ann air beathuidh.

91. C. *Cionnas ata na Sacramaintibh air nan deanadh na Meadhoin eifeachdach chum Slainte?*

F. Ata na Sacramaintibh air nan deanadh eifeachdach chum Slainte, ni h ann O briogh air bith ata ionta fein, no san ti do ni am frith-eola, ach trid beannacha Chriost amhain, agus oibreacha a Spioraid-

fan, fan droing a ghabhas chuca iad le Creidamh.

92. C. Greud is Sacramaint ann?

F. An t Sacramaint, is ordughadh naomha le Criost i, ann a bheill Criost, agus sochair Chumhnanta nan gras, air an tais-beannadh, agus air an Seulacha, agus air nan curr ríss na Creidmhigh le Comhar-aibh corpora so-fhaicfin.

93. C. Cia iad Sacramaintibh an Tiomna-nuaidh?

F. Is iad Sacramaintibh an Tiomna-nuaidh, Baisteadh, agus Suippeir an Tighearna.

94. C. Greud is Baisteadh ann?

F. An Baisteadh is Sacramaint e, ann a bheill ionlaid le huisge, ann an ainm an Athair, an Mhic, agus an Spioriad-naoimh, ag ciallacha, agus ag feulacha, gu bheill sinne air ar fuidheacha ann an Criost, agus an n air luchd co'-pairt do Shochairibh Chumhnant nan Gras, agus ag feulacha fos air Boid gur leish an Tighearna sinn.

95. C. Cia do'n coir am Baisteadh do Fhritheoladh?

F. Ni an coir am Baisteadh do fhrithéoladh, d'aon neach ata an taobh a muigh

do'n Eaglaish fhaicfinnich, no gu'n aidmhich iad an Creiddeamh ann an Criost. agus an Uumhlachd dho, ach is coir Naoidheanna na droinge, ata na'm buill do'n Eaglaish-fhaicfinnich, do bhaisteadh.

96. C. *Greud i Suippeir an Tighearna?*

F. Suippeir an Tighearna is Sacramaint i, ann a bheill bas Chriost air na fhoilseacha, le arran, agus fion do thabhairt, agus do ghabhail do reir orduighe fein, agus an droing a ghabhas chuca guth iomchuidh iad, ata siad (ni air mhodh feolmhar, ach) trid Creiddigh, air an deanadh nan luchd co'-pairteach da Chorp agus da fluill san, le uille Shochairibh, chum an altrum, agus am fas an Gras.

97. C. *Greud is feimeil do'n droing sbin a dheanadh, leisb am baill Suippeir an Tighearna do ghabhail gu h iomchuidh?*

F. Is feimeil dhoibh iad-fein a cheasnacha ann nan Eolas, chum a' thne do dheanadh air Chorp an Tighearná, ann nan Creiddeamh, chum beatha an Anama dotharraing a' ss, ann nan Aithreachas, nan Gradh, agus nan nuadh-umhlachd, D'egal, air teachd dhoibh gu neimh-iomchuidh gu'n itbfid, a-

gu2 gu ñ olfuid Breitheamhnas dhoibh fein.

(8. C. Creud is Urnaighe ann?

F. Is i is Urnaighe ann, tabhairt suas air 'n Athchuinge do Dhia, ga iarruidh nitheanna do reir a thoill ann an Ainn Chriost, ag aidmheil air peacaidh, agus ag tabhairt buidheachas dho ar-son a Thiolaicaibh.

99. C. Creud i an Riaghail a thug Dia Dhuinne d'ar Seoladh ann an Urnaighe do dheanadh?

F. Ata focall Dhe gu h uillidh ga'r Seoladh ann an Urnuighe do dheanadh, ach is i an Riaghail Shonraicht' a sheolas sinn, an Fhoirm Urnuighe shin do theagasc Criost da Dheisciopla da'n goirrear gu coit-cheanna Urnuighe an Tighearna.

100. C. Creud ata Reamh-radh Urnuighe an Tighearna ag teagasc Dhuinne?

F. Ata Réamh-radh Urnuighe an Tighearna (*Iodhon air 'n Athair ata air Neamb*) ag teagasc Dhuinne, teachd an fogasc do Dhia le gach uille urram naomha agus muinghin, mar Chloinn chum an Athair, ata comma'ach, agus ullamh d'ar cuiddeacha; agus gu'r coir guidhedaeanadh maille re Daoine eille, agus air an son.

101. C. Creud ata sinn ag guidhe san chead Iartas?

F. San chead Iartas, (*Iodhon gu ma beannuicht' h Ainmse*) ata sinn ag guidhe gu ma toill le Dia sinne, agus daoine eille no dheanadh commasach air e-fein do ghlorach a anns gach aon-ni leish an bheill se ga fhoilseacha fein Dhuinn, agus gu ma toill leish gach ni do Shuidheacha, agus orducha chum a Ghlore fein.

102. C. Creud ata sinn ag guidhe san dara Iartas?

F. San dara Iartas, (*Iodhon gu tigeadh do Rioghachd-sa*) ata sinne ag guidhe Dhe, Rioghachd an Aibhseir do sgrioss, agus Rioghachd nan Gras do mheadacha, sinne agus Daoine eille do tharraing da h ion-suidhe, agus do choimhidinte, agus Rioghachd na Gloire do luathacha.

103 C. Creud ata sinn ag ghuidhe san treas Iartas?

F. San treas Iartas, (*Iodhon, Deantar do thoillse air an Tallamh mar nithear air Neamh*) atamaid ag guidhe Dhe, sinne do dheanadh commasach, agus deonach le na Ghras, chum eolas a ghabhail air a thoill fein, do bhith freagrach, agus umhal dith anns gach aon ni amhuiil mar ata na h Aingil air Neamh.

104. C. Creud ata sin ag guidhe san cheathramh Iartas?

F. San cheathramh Iartas, (*Iodhon, tabhair dhuinn an diugh air 'n Arran laitheil*) ata sinn ag iarruidh gu fuighmid do shaor-thoir-bheartas Dhe, Rann chuimseach do nithibh maith na beathasa, agus gu meal-lam-aid a bheannacha fein m'aile reu.

105. C. Creud ata sinn ag guidhe san chuigeadh Iartas.

F. San chuigeadh Iartas, (*Iodhon, agus maith d'buinne air fiacha, ambluidh mar mhaid-mid d'ar Feicheannaibh*) atamaid ag guidhe Dhe maitheamhnas do thabhairt dhuinn gu saor ann air 'n uille pheacaidh ar-son Chriost: agus ismoid air misneach sho iarruidh, gu bheillmid air ar nearteacha trid a Ghras-san, ann a maitheamhnas do thabhairt do dhaoine eille o air Croidhe.

106. C. Creud ata sinn ag guidhe san t seiseadh Iartas?

F. San tseiseadh Iartas, (*Iodhon, agus na leig am buairreadh sin, ach saor sinn o etc*) ata sinn ag guidhe Dhe air coimhid o bhith air ar buairreadh chum peacaidh: No air conbhail suas, agus air saoradh an tam do bhuirrear sinn.

107. C. Creud ata Co'-dhunadh Urnuighe an Tighearna ga theagascg dhuinne?

F. Ata Co'-dhunadh Urnuighe an Tighearna, (*Iodhon, oir is leatfa an Rioghachd, agus an Chumhachd, agus an Ghloir, gu siorruidhe, Amen.*) ag teagascg dhuinne misneach ann Urnuighe do ghabhail o Dhia amhain, agus ann air 'n Urnuighe eisín do mbholladh: le Rioghachd, Cumhachd, agus Gloir do thabhairt dho, agus mar fianaish air ar Miann, agus air dearbh beachd ann eisteachd faghail, deirmid, *Amen.*

## Na deich Aitheantibh.

### EXOD. XX.

**D**O labhair Dia na Briathar a fhó uille ag radh, is mishe an Tighearna do Dhia, an neach a thug thuffa a mach aís Tallamh na Heiphte, agus aís Tigh na daoirse.

I. Na biobh Dee air bith eille agat ann am shianaise.

II. Na dean dhuit fein Iomhaigh ghrabhalta, no aon fhioghair nithe atá shuas air Neamh, no air Tallamh a bhfois, no san Uisge faoi Thallamh, na geillse dhoibh, agus na dean Seirbhís dhoibh: Dírs mishe an Tighearna do Dhia, is Dia eud-

mhor mi, leannas Aingidhachd nan Athraibh air an Cloinn, gu nuige an treas no an an ceathramh ceim, no glun-geiniligh, air an droing fhuathuicheas mi, agus ag foilseacha trocair do mhiltibh do'n droing a ghradhuicheas mi, agus a choimhdeas m'Aitheantaibh.

III. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhia an diamhanas: Oir ge b'e bheirreas ainm an diamhanas, ni bu neimh-chiontach ann a fianaish an Tighearna e, agus ni a measf an Tighearna neimh-chiontach e.

IV. Cuimhnigh la na Saboide choimhid naomha: Ann se laithibh dean hobhair, agus huille Shaothair, ach is e an seachda la, Saboid an Tighearna do Dhia; na dean aon obhair san la shin, thu fein, no do Mhac, no h Inghin, h Oglach, no do bean-oglach no h ainmhidhe, no do Choigreach ata an taobh a stigh do d'dhoirsibh: Oir ann se laithibh do rinn an Tighearna Neamh agus Tallamh, an Fhaise, agus gach ni ata ionta, agus do ghabh se comhnuidh an seachda la; uime shin do bheannuigh an Tighearna la na Saboide, agus do naomhuigh se e.

V. Tabhair onoir do t Athair, agus do d'Mhathair, chum gu Sinfichte do laithe air an Fhearran do bheir an Tighearna do Dhia dhuit.

VI: Na dean marbhadh.

VII. Na dean Adhaltrannas.

VIII. Na dean Goid.

IX. Na dean fianaish bhreige ann aghaidh do Choimhearsfain.

X. Na smuain dhuit-fein Araoish, no teach do Choimhearsfain, na smuain dhuitfein Bean do Choimhearsfain no Oglach, no Bhean-Oglach, no Dhamh, no Assail, no aon-ni eille bhuinneas do d' Choihearsnach.

---

### Urnuighe an Tighearna.

**A**R n Athair ata air Neamh gu ma bean-nuicht' t ainm, gu tigeash do Rioghachd, gu deanbar do thoill air Tallamh mar ata i air Neamh, thoir dhuinn an diugh ar n Arran laitheil, agus maith dhuinn air fiacha, mar mhaiteas sinn d'ar feicheannaibh, agus na leig ann am buairreadh sinn, ach faor sinn o Olc: Oir is leats' an Rioghacd, agus a Chumhachd, agus a Ghloir gu siorruidhe. *Amen.*

### A Chreid.

**C**REIDDIM ann an Dia an t Athair uille chumhachdach, Cruthai'-fhear Neamh agus Ta'mhann: Agus ann an Iosa Criost aon-Mhac-san, air Tighearna, neach do ghabhadh leish an Spiorad-naomh, do

rugadh le Muire Oighe, do fhuilling báis  
 faoi Phontius Philait, do cheusadh do fhuair  
 bas, do Adhlacadh, do chaidh fios ann  
 Ifrionn, do erigh  
 air an \*treasla ona  
 marbhaibh, do  
 chaidh suas air  
 Neamh, do shuigh

\* D'fhuirrigh se ann  
 staidd na marbh, agus  
 faoi chumhachd a báis  
 gu nuig an treas la.

air deas-'aimh Dhe an t Athair uille-chum  
 hachdach; afs shin do thig se thabhairt  
 breitheamhnas air bheothaibh, agus air  
 mharbhaibh: Creiddim ann san Spiorad-  
 naomh: gu bheill Eaglaish naomha gu h-  
 uillidh ann, Co'-chommun nan naoimh,  
 Maitheamhnas nam peacaidh, Aish-eirigh  
 na-Colla, agus a Bheatha-shuthain. *Amen.*

Mo bheat', mo neart, 's mo dhochas  
 buan,

Ann bheill mo thearmunn treun;  
 Cho tuit me, 'stu gam chonbhall suas,  
 Dhia eist gu gradd re m'eigh.

Cudd do mhearrachdaibh a Clodh-bhua-  
 laidh air nan Leaffacha Le, N. M. B.

*Air thoiseach air biadh.*

**O** Thighearna pheacaidh sinne a taghaidh,  
agus air an abhar Shin chaill finn air coir  
air tiolaca air bith, gidheadh ghabh thuffa truas  
dhinn, agus thu lon dhuinn; a Thighearna deo-  
nuich dhuinn a ghabhail gu measlara, agus le  
buidheachas, agus dean Sinne le gnathacha na  
meadhona sho na beatha, ni's iomchuidh ar-son  
do Sheirbhis fein trid Josa Criost. Amen.

---

*Au deigh bidh.*

**B**Uidheachas dhuits' o Thighearna ar-son  
Criost, agus ar-son gach beannacha thug  
thu dhuinn maille riis, buidheachas dhuits' a  
bheathaigh air cuirp, ann fan ams', o biodh an  
tiolaca sho na thoiseach air tiolaicigh is mo, agus  
is fearr, air nan ullamhachd dhuinn ann an  
Criost, agus deonuich dhuinn saothaireacha ar-son  
an bhidh nach teirric, ach a mhairreas chum na  
beatha mhairtean-aigh trid Josa Criost. Amen.

*Clar dh'insibis dhuit ainm rann no Gaibidil, araon le literibh agus figuribh,  
O aon gu mile, &c.*

Aon, da, tri, ceathair, cuig, se, seachd,  
i, ii, iii, iv, v, vi, vii,  
1, 2, 3, 4, 5, 6, 7,  
Ochd, naoi, deich, fichid, deich is fichid,  
viii, ix, x, xx, xxx,  
8, 9, 10, 20, 30.

Da fhichid, deich is da fhichid, tri-fichid,  
xl, I, lx,  
40, 50, 60,  
Deich is tri fichid, Ceathair fichid.  
lxx, lxxx,  
70, 80,

Deich is Ceathair fichid, Ceud, da cheud,  
xc, c, cc,  
90, 100, 200,

Tri cheud; Ceathair cheud, cuig cheud,  
ccc, cccc, D,  
300, 400, 500,  
Mile.  
M.  
1000.



Caib.  
bb,

achd,  
vii,  
7,  
ichid,

ichid,

d.

cheud,

eud,













